music monday
coalition for music education
www.musicmonday.ca

## Seinn Comhla E | Sing it Together

By Marc Jordan and Ian Thomas

**Rann**
Uaireanan bidh na neòil na mo rathaid
Bidh speuran dorch' a' fuireach ann,
Nuair a sheinneas tu rium,
Bualaidh mi chìdhe.

M'iongantas fad shaoghal nan saoghal,
Dé tha 's dé nach eil air chall?

Nuair a thig an oidhch'
Seinnidh mi gu h-ìseal
Seinn dhan a' chloinn a-mach 'san fhuachd
Seinn dhan bhodach gun dachaigh aig' fhéin
Seinn dha' na h-eòin 's 'ad togail ri

Cuimhn' am air na daoine 's air na h-àiteachan
Nuair a thig an ceòl dhan sràid leis a' ghaoith

**Fonn**
Seinn e, seinn gu h-àrd
Seinn dha na chloinn a-mach 'san fhuachd
Seinn dhan bhodach gun dachaigh aig' fhéin
Seinnibh comhla gus an tig na ballachean sìos

**Rann**
Chan e saoghal fìor far a chum sinn beò
Cho soilleir ri ronnag 's cho dearrsach ri staoin
'S tha i a' fàs nas lugha gach là
'S uaireanan bidh ar sochd 'sa rathad
Nuair a bhios na guthan cho lag ri sin

**Fonn**
Seinn e, seinn e
Shuas gu h-àrd
Seinnibh comhla mar sluagh mór
Dhan 'bhogha-frois' air chùl nan neòil
Seinnibh comhla gus an tig na ballachean sìos

**An Drochaid**
Seinn 'son sunnd
Seinn 'son dubhais
Seinn 'son solaist
'Son na màireach
'Son na fìrinn
Seinn 'son soarachd
Gun stiùirich an ceòl
Dachaigh sibh, dachaigh sibh, dachaigh sibh
Stiùir dhachaidh sibh, stiùir dhachaidh sibh
Stiùir dhachaidh sibh

**Fonn Mu Dheireadh**
Seinn 'son beatha
Seinn 'son saorachd
Seinn 'son gaoil
Seinn 'son slànachaidh
Seinn 'son na feadhainn gun cothrom aca
Seinn 'son na feadhainn gun na guthan
Guthan
Guthan
Guthan

Translation: Colaisde na Gàidhlig | The Gaelic College

music makes us
coalition for music education
The voice for music education in Canada